

Nàiseanta 5 Gàidhlig Èisteachd An Spòrs

Earrann èisteachd mu naidheachdan spòrs.

Seo Pàdraig Mac a' Ghobhainn le naidheachdan spòrs an latha.

Disathairne seo tighinn tha sgioba rugbaidh na h-Alba a' cluich an aghaidh na h-Eadailt aig Stadio Flaminio anns an Eadailt. Tha na h-Eadailtich a' coimhead air adhart ri treudan de dh'Albannaich ann am fèilidhean agus lèintean rugbaidh a' coiseachd tro shràidean na Ròimhe. Thuirt manaidsear sgioba na h-Alba, Uilleam Scott, gun robh e a' coimhead air adhart ris a' ghèam agus gun robh deagh chothrom aig na h-Albannaich buannachadh.

Disathairne seo chaidh, bha Sgioba lomain A' Ghearastain a' cluich an aghaidh Bail' Ùr an t-Slèibh ann an Cuairt dheireannach Cupa MhicThàbhais aig Pàirc a' Bhught ann an Inbhir Nis. Bhuannaich An Gearastan còig tadhail gu ceithir ann an gèam a bha teann suas chun a' mhionaid mu dheireadh. Chaidh Gòrdan MacAonghais ainmeachadh mar shàr-chluicheadair a' gheama.

A-nis gu goilf. A-màireach, bidh Cailean Gunna a' tilleadh gu farpais Na Masters ann an Astràilia. Tha Cailean air a bhith a' fulang le druim goirt anns na trì mìosan a chaidh. Thuirt e gun robh e a' coimhead air adhart ris na ceithir làithean seo agus an dòchas gum faigheadh e àite anns a' chiad trì co-dhiù. Bhuannaich Cailean Na Masters trì bliadhna air ais. Cha do chluich e an-uiridh.

Ball-coise a-nis, agus tha sgioba nàiseanta nam ban a' cluiche oidhche Haoine aig Pàirce Hampden an aghaidh na h-Òlaind. 'S e gèam càirdeil a tha seo. An turas mu dheireadh a choinnich na sgiobaidhean, buuannaich an Òlaind 3-2.

Agus sin naidheachdan spòrs an latha, bhuamsa Pàdraig Mac a' Ghobhainn.